

Freagair na ceistean a leanas anns an jotair agad, cho math agus cho sgiobalta 's as urrainn dhut. Tha na ceistean stèidhichte air...

### Caibideil 1

1. Tha am facal *o/c* ri lorg aig toiseach na sgeòil. Sgrìobh facal eile bhon chiad duilleig aig a bheil an aon chiall ris an fhacal seo.
2. Dè bha a' cur dragh air Debbie mun taigh?
3. Dè na rudan eile a bha a' cur dragh air Debbie aig an àm seo? Ainmich dà rud.
4. Bha Debbie agus a h-athair ag ràdh gun robh an taigh coltach ri *slige*. Saoil carson a bha iad den bheachd seo?
5. Tagh facal bho dhuilleag 3 a tha ag innse dhuinn gun robh an taigh ann an droch staid.
6. Dè an t-ainm a bh' aig Debbie arson an taighe?

### Caibideil 2

1. Carson a bha e neònach gun robh Debbie a' faireachdainn cho fuar?
2. Dè shaoil athair Debbie a bha ceàrr oirre?
3. Dè an **samhla** a chleachd Debbie mun fhuachd? "cho..."
4. Carson nach robh athair Debbie airson cuideachadh fhaighinn leis an taigh?
5. Bha gnìomhachas athair Debbie "*...gus a dhol fodha*." Dè tha sin a' ciallachadh?
6. Cuin a thòisich rudan a' dol ceàrr ann am beachd Debbie?
7. Dè a' bhuaidh a bh' aig an seo air athair Debbie?
8. Dè chunnaic Debbie ann an rùm anns an taigh? Ainmich dà rud.
9. Carson nach deach Debbie a-steach dhan rùm sin?